

## **Sònachadh airson Duais nan Sgrùdaidhean Albannach (SCQF ère 5)**

### **GG65 45**

An deasachadh seo: An Dùblachd 2014 (dreach 1.1)

Faodar an sònachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ère air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ère, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lin ÙTA [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Faicibh an not mu atharrachaidhean aig deireadh an t-Sònachaidh seo airson fios mu atharrachaidhean bhon tionndadh roimhe (nuair as iomchaidh).

© Ùghdarris Theisteanas na h-Alba 2014

## **Ro-ràdh**

Seo an sònachadh airson *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 5.

Na bhroinn tha structair nan Duaise, fiosrachadh mu fheumalachdan a thaobh measaidh agus stiùireadh mu chothrom. Gheibhear stiùireadh a bharrachd air libhrigeadh agus measadh ann an *Notaichean-taice Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* (SCQF ìre 5).

## **Co-ionannachd agus in-ghabail**

Chaidh Sònachadh an Aonaid seo a dhealbhadh gus a dhèanamh cinnteach nach eil bacайдhean gun adhbhar air ionnsachadh no air measadh. Bu choir na feumalachdan fa leth a thaobh ionnsachaидh a bhios aig luchd-ionnsachaيدh a chur anns an àireamh nuair a tha fiosrachadh a thaobh ionnsachaيدh ga dhealbhadh, dòighean-measaidh gan taghadh no beachdachadh air fianais roghnach. Airson barrachd fiosrachaيدh, faicibh *Notaichean-taice an Aonaid*.

## Reusanachadh

Bheir an sgrùdadh air Alba – a thaobh nan daoine agus nan cànan (mar eisimpleir, Gàidhlig agus Albais) innte agus comann-sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra is thogte agus dualchas – iomadh cothrom do luchd-ionnsachaidh an cuid sgilean, eòlais agus tuigse a leudachadh, agus ceanglaichean a dhèanamh thairis air a' chlàr-oideachaidh. Tha seo ann seach gun do chuir, agus gun cuir fhathast, muinntir na h-Alba gu mòr ri iomadh raon den t-saoghal an dà chuid aig an taigh agus thall thairis. Thug agus bheir na chuireadh buaidh sheasmhach ann an raointean mar shaidheans, innleadaireachd, litreachas is cànan, na h-ealainean, gnìomhachas agus na meadhanan. Tha saoghal na h-Alba eugsamail, ag iathadh a-steach daoine à raon farsaing a thaobh cultair agus eachdraidh. Tro imrich a-mach is a-steach, tha muinntir is cultar na h-Alba air buaidh a thoirt, agus buaidh fhaighinn ri tide, air muinntir is cultar iomadh dùthcha. Tha àrainneachd fhiosaigeach na h-Alba eugsamail cuideachd agus bidh i a' tèladh luchd-tadhail à gach ceàrnaidh den chruinne.

Tha frèam farsaing is sùbailte aig *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 5. Tha seo a' nochdadhlair a raointean nan cuspairean air am faodar sealltainn a rèir sudheachadh na h-Alba. Mar a tha sna Duaisean uile, tha seo cuideachd a' nochdadhlair luachan, adhbharan agus prionnsapalan Clàr-oideachaidh airson Sàr-mhaiteis. Tha e a' taigse sùbailteachd, a' cruthachadh ùine airson a bhith ag ionnsachadh is a' cnuasachd, a' cur cuideim air leasachadh sgilean agus cur an gnìomh ionnsachaidh, agus na chothrom a thaobh pearsanachaiddh is roghainn.

## Adhbhar agus Amasan na Duaise

Is e adhbhar na Duaise seo leigeil le luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais air Alba a leudachadh agus aig an aon àm sgilean, eòlas agus tuigse a tha buntainneach do raointean nan cuspairean a thagh iad a leasachadh agus a chur an gnìomh. Bidh roghainn Aonadan aig luchd-ionnsachaidh, bho raon farsaing chuspairean, a dh'fhaodas iad sgrùdadh a rèir sudheachadh na h-Alba.

Is iad priomh amasan na Duaise an cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh:

- ◆ sgilean, eòlas is tuigse ann an raon nan cuspairean a thagh iad a leasachadh is a chur an gnìomh
- ◆ ceanglaichean a dhèanamh thairis air na raointean seo le bhith gan sgrùdadh a rèir sudheachadh na h-Alba
- ◆ tuigse a leasachadh air na chuir Alba agus an sluagh innte, an-dràsta no san àm a dh'fhalbh, agus na chuireas fhathast, ris na raointean seo
- ◆ cnuasachd mu àite na h-Alba anns an fharsaingeachd anns an Rìoghachd Aonaichte, san Ròinn Eòropa agus/no sa chòrr den t-saoghal
- ◆ sgrùdadh a dhèanamh air cuspair anns a bheil ùidh shònraichte aca a bhuineas do Sgrùdaidhean Albannach
- ◆ na sgilean gus fiosrachadh a dhealbhadh is a chleachdad, agus sgilean bunaiteach a thaobh cnuasachd, a leasachadh
- ◆ an comas a tha aca a bhith nan luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach a leasachadh le taic riaghailteach.

## Buidhnean-targaid

Bhiodh an Duais seo buntainneach do raon farsaing de luchd-ionnsachaidh aig a bheil ùidh barrachd fhaighinn a-mach mu Alba, an sluagh agus an dualchas càinain, sòisealta, cultarail, saidheansail agus/no nàdarra aice.

Faodaidh gun gabh daoine òga agus luchd-ionnsachaidh inbheach ann an Alba – ann an àrd-sgoiltean, ionadan-foghlaim àrd-ìre no ionnsachadh sna coimhleasachdan no suidheachaidhean-leasachaidh – ùidh shònraichte san Duais. Bheir e cothroman don luchd-ionnsachaidh seo cur ris an tuigse is ris a' mhothachadh a tha aca air an t-saoghal anns a bheil iad a' fuireach. Bheir seo cothroman ri tide cnuasachd is togail air an ìomhaigh a tha aca orra fhèin mar luchd-fuirich ann an Alba agus anns an t-saoghal anns an fharsaingeachd. Leasachaidh iad sgilean, eòlas is tuigse chudromach cuideachd agus ionnsachaidh iad mar a thathar gan cur an gnìomh, ann an raointean de chuspairean anns a bheil ùidh shònraichte aca.

## Inntrigeadh air a mholadh

Tha inntrigeadh an urra ris an ionad. Ach faodaidh gum faigh oileanaich buannachd ma bhios an cuid sgilean, eòlas is tuigse buntainneach do na leanas no co-ionann ris:

- ◆ Aonad no Aonadan a chuireas ri *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 4

A thaobh ionnsachaidh is fiosrachaidh ro làimh, faodaidh gun dèan fiosrachadh is toraidhean buntainneach bunait airson an Aonaid seo.

## Adhartas

Bheir an Duais seo no na h-Aonadan na broinn adhartas gu:

- ◆ *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ìre 6
- ◆ caochladh Chùrsaichean, Dhuiscean no Aonadan aig SCQF ìre 6, an crochadh air raointean sònraichte nan cuspairean air an dèanar sgrùdadadh mar chuid den Duais seo
- ◆ Duaisean, Cùrsaichean no Aonadan eile aig SCQF ìre 5

Bheir e bunait mhath cuideachd gus adhartas a dhèanamh gu barrachd trèanaidh sna gnìomhachasan ceangailte ri turasachd, aoigheachd, cultar agus dualchas.

## Structair na Duaise

Tha na h-Aonadan uile san Duaisean seo aig SCQF ìre 5 agus feumaidh luchd-ionnsachaidh crioch a chur air **ceithir** aonadan uile-gu-lèir.

Feumaidh an luchd-ionnsachaidh uile crioch a chur air an Aonad èigneachail *Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba* (SCQF ìre 5). Feumaidh iad crioch a chur cuideachd air **trì** aonadan bhon **a dhà** air a' char as lughadha de na Buidhnean a leanas:

Buidheann 1	Cànan agus Litreachas
Buidheann 2	Comann-sòisealta agus Àrainneachd
Buidheann 3	Ealain agus Cultar
Buidheann 4	Gniomhachas, Tionnsgal agus Fastadh

Tha caochladh raointean-chuspairean an taobh a-staigh a h-uile gin de na buidhnean seo. Chan urrainn do luchd-ionnsachaidh ach **aon** Aonad a thaghadh bho gach raon-chuspairean air leth. Ge b' e dè na h-Aonadan a thèid a thaghadh, feumaidh an libhrigeadh agus am measadh a rèir suidheachadh na h-Alba. Thèid barrachd stiùiridh mu chleachdadadh suidheachadh na h-Alba a thoirt anns na Notaichean-taice airson na Duaise seo. Tha fiosrachadh mu na raointean-chuspairean agus Aonad anns gach buidheann ga thoirt ann an earrann *Frèam na Duaise* gu h-ìseal.

## Frèam na Duaise

### Aonad Èigneachail

Còd an Aonaid	Tiotal an Aonaid	Puingean-creideis SCQF
HY3P 45	Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba (SCQF ìre 5)	6

### Aonadan Roghainneil

Feumaidh luchd-ionnsachaidh crioch a chur air **trì** Aonadan roghainneil bhon **a dhà** air a' char as lughadha de na buidhnean a leanas. Feumaidh a h-uile gin de na **trì** Aonadan tighinn bho raon-chuspairean **diofraichte**.

Buidheann 1: Cànan agus Litreachas			
Raon-chuspairean	Còd an Aonaid	Tiotal an Aonaid	Puingean-creideis SCQF
<b>Beurla</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H23H 75	Beurla: Sgrùdadadh agus Measadh (Nàiseanta 5)*	9
	H6NS 75	Beurla: Cruthachadh agus Riochdachadh le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)*	9
<b>Gàidhlig</b> <b>(Luchd-</b>	H27D 75	Gàidhlig: Sgrùdadadh agus Measadh (Nàiseanta 5)*	9

<b>ionnsachaidh</b> <i>(direach aon Aonad)</i>	H27E 75	Gàidhlig: Cruthachadh agus Riochdachadh (Nàiseanta 5)*	9
	H277 75	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Càinain (Nàiseanta 5)	9
	H278 75	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Càinain (Nàiseanta 5)	9
	F3CD 11	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) air Adhbharan Obrach (SCQF ìre 5)	6
	FG5D 11	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Labhairt (Cothrom 5)	6
	FG5E 11	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Èisteachd (Cothrom 5)	6
	FG5G 11	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Sgrìobhadh (Cothrom 5)	6
	FYOF 11	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Leughadh (Cothrom 5)	6
<b>Albais</b> <i>(direach aon Aonad)</i>	H790 45	Albais: Eachdraidh agus Leasachadh	6
	H791 45	Albais: Tuigse agus Conaltradh	6
<b>Buidheann 2: Comann-sòisealta agus Àrainneachd</b>			
<b>Cànan agus Cultar</b>	FN44 11	Cànan is Cultar na Gàidhlig An-diugh: Eòlas Bunaiteach (Eadar-mheadhanach 2)	6
<b>Fearann agus Àrainneachd</b> <i>(direach aon Aonad)</i>	H6MR 75	Sgrùdadh air Gníomhachas Dùthchail le co-theacsa Albannach (Eadar-mheadhanach 2)	6
	FV36 11	Geò-eugsamhlachd agus Dreach na tire ann an Alba: Eòlas Bunaiteach (Eadar-mheadhanach 2)	6
	FV5H 11	Gleìdhteachas Practaigeach: Rianachd Ghnàthagan ann an Alba (Eadar-mheadhanach 2)	6
	FV49 11	Bith-eugsamhlachd ann an Alba (Eadar-mheadhanach 2)	6
	FV40 11	Cleachdadh Fearainn Dùthchail (Eadar-mheadhanach 2)	6
<b>Saidheans Àrainneachda il</b> <i>(direach aon Aonad)</i>	H6N7 75	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Talmhainn le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
	H6N8 75	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
<b>ESOL</b>	H1XH 12	ESOL: Còmhnaidh ann an Alba (Eadar-mheadhanach 2)	6
<b>Cruinn-eòlas</b>	H6N9 75	Cruinn-eòlas: Àrainneachd Fhiosaigeach le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
<b>Clach-eòlas</b>	D8XK 11	Mèinnirean agus Creagan	6
<b>Teicneòlas-slàinte agus Teicneòlas-bidhe</b>	H6NA 75	Teicneòlas-slàinte agus Teicneòlas-bidhe: Ceistean an Latha nu Bhiodh le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
<b>Eachdraidh</b>	H205 75	Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach (Nàiseanta 5)	6

<b>Nuadh-eòlas</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H6NB 75	Nuadh-eòlas: Ceistean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
	H23C 75	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus anns an Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 5)	6
<b>Creideamh, Creidsinn agus Luachan</b>	H6R2 45	Sgrùdadh Creideimh is Creidsinn le co-theacsa Albannach (SCQF ìre 5)	6
<b>Soch-eòlas</b>	H6N1 75	Soch-eòlas: Ceistean Sòisealta le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
<b>Feallsanachd</b>	H6N2 75	Feallsanachd: Eòlas agus Teagamh le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6

### Buidheann 3: Ealain agus Cultar

<b>Meadhanan</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H6NJ 75	Meadhanan: Sgrùdadh Susbaint sna Meadhanan le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	9
	H6NK 75	Meadhanan: Cruthachadh Susbaint airson nam Meadhanan le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	9
<b>Ealain agus Dealbhadh</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H6NL 75	Ealain agus Dealbhadh: Gniomhachd Cur-an-cèill le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	9
	H6NM 75	Ealain agus Dealbhaidh: Gniomhachd-dealbhaidh le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	9
<b>Dannsa</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H6N5 75	Dannsa: Roghnach (Alba) (SCQF ìre 5)	6
	H6MS 75	Dannsa: Sgilean Teicnigeach le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)	6
<b>Dràma</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H6MT 75	Dràma sa Choinhlearsnachd le co-theacsa Albannach (Eadar-mheadhanach 2)	6
	H6NN 75	Sgilean-dràma le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)*	9
<b>Ceòl</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H6NP 75	Ceòl: Sgilean-cluiche le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)*	6
	H6NR 75	Ceòl: Sgilean-cruthachaidh le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)*	6
	FN42 11	Ceòl agus Órain Ghàidhlig An-diugh (Eadar-mheadhanach 2)	6
	F7P4 11	Teòiridh Piob na h-Alba: A' Phìob-mhòr (Eadar-mheadhanach 2)*	6

### Buidheann 4: Gniomhachas agus Cosnadh

<b>Stiùireadh-gniomhachais</b>	H6N3 75	A' Tuigsinn Gniomhachais le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)*	6
<b>Cùram</b> <i>(dìreach aon Aonad)</i>	H21C 75	Cùram: Luachan agus Prionnsapalan (Nàiseanta 4)*	6
	DM84 11	Ag Obair ann an Tràth-fhoghlam agus Cùram-cloinne (Eadar-mheadhanach 1)*	6

	F3G2 11	Seirbheisean Sòisealta ann an Alba: Eòlas Bunaiteach (Eadar-mheadhanach 2)	6
<b>Gníomhachas an Cruthachail</b>	H6MV 75	Gníomhachasan Cruthachail: Roradh-Alba (Nàiseanta 5)	6
<b>Saidheans-innleadaireachd</b>	H6NT 75	Suidheachaidhean is Dùblain ann an Innleadaireachd le co-theacsa Albannach (Nàiseanta 5)*	6
<b>Seirbheisean Ionmhasail</b>	H6MW 75	Seirbheisean Ionmhasail: Eòlas bunaiteach - Alba (Eadar-mheadhanach 2)	6
<b>Roinn na Slàinte</b>	H6N4 75	Roinn na Slàinte: Obair ann an Roinn na slàinte - Alba	6
<b>Saidheans Obair-lann</b>	H6MX 75	Saidheans Obair-lann: Dreuchdan a Chleachdas Saidheans Obair-lann le co-theacsa Albannach (Eadar-mheadhanach 2)	6
<b>Eaconamachd (direach aon Aonad)</b>	F391 11	Obrachaidhean-margaidh agus Eaconamaidh na h-Alba (Eadar-mheadhanach 2)	6
	H236 75	Gniomhachd Eaconamach na Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 5)	6
<b>Siubhal agus Turasachd (direach aon Aonad)</b>	H2Y4 75	Siubhal agus Turasachd: Alba (SCQF ire 5)*	6
	H6MY 75	Àiteachan luchd-turais ann an Eileanan Bhreatainn le co-theacsa Albannach (Eadar-mheadhanach 2)	6

\* **Thoiribh fa-near:** tha na h-Aonadan uile le comharradh (\*) ann an rangachd le Aonadan ann an *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* aig SCQF ire 4. Gheibhear barrachd fiosrachaидh mu rangachd ann an Notaichean-taice *Duais nan Sgrùdaidhean Albannach* (SCQF ire 5).

## Measadh

Bidh nàdar a' measaidh an crochadh air cothlamachadh nan Aonadan a thèid a thaghadh bho fhrèam na Duaise. Bu chòir gun toireadh measadh an cothrom do luchd-ionnsachaidd fianais air toirt gu buil a chruthachadh airson nan Toraidhean agus nan Inbhean-measaidh anns na h-Aonadan uile air an taghadh.

Feumar an cothrom a thoirt don luchd-ionnsachaidd air fad fianais a chruthachadh airson nan Toraidhean agus nan Inbhean-measaidh airson Aonad èigneachail *Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba* (SCQF ire 5).

Faodar fianais a thoirt seachad ann an rìochd sam bith a tha iomchaidh do na h-Aonadan air an taghadh agus don neach-ionnsachaidd. Faodaidh an fhianais seo a bhith stèidhichte air pàipear no air a clàradh (ann an labhairt, leàrsinneach no dealanach). Bu chòir fianais mar chluich no mar bhathar a dhaingneachadh le liostaichean-seicidh agus/no ceistean leis an neach-mheasaidh agus clàraighean neach-teagaisg de fhreagairtean an luchd-ionnsachaidd. Faodaidh luchd-ionnsachaidd fianais a thoirt seachad cuideachd mar chlàraighean-èisteachd, mìrean-bhideo, blogaichean no meadhanan dealanach eile.

Gheibhear na Feumalachdan sònraichte a thaobh Fianaise airson gach Aonaid anns an fhrèam anns na Sònrrachaidhean-aonaid buntainneach.

# **Leasachadh sgilean-ionnsachaidh, sgilean-beatha, agus sgilean-obrach**

Thatthar an dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann san Aonad seo. Tha na sgilean a dh'fhaodas a bhith iomchaidh airson an Aonaid seo stèidhichte air *Frèam Sgilean: Sgilean-ionnsachaidh, Sgilean-beatha agus Sgilean-obrach* ÙTA agus air an tarraing bho na raointean-eòlais a tha air an ainmeachadh gu h-ìseal. Faodar iad seo a chur ris an Aonad nuair a bhios cothroman iomchaidh ann.

## **3 Slàinte is Fallaineachd**

### 3.1 Ionnsachadh Pearsanta

## **4 Comas-cosnaidh, iomairt is saoranachd**

### 4.4 Iomairt

### 4.6 Saoranachd

## **5. Sgilean-smaoineachaidh**

### 5.1 Cuimhneachadh

### 5.2 Tuigsinn

### 5.3 Cur an gnìomh

### 5.4 Sgrùdadadh agus measadg

### 5.5 Cruthachadh

Tha barrachd fiosrachaidh orra seo ga thoirt ann am *Frèam Sgilean: Sgilean-ionnsachaidh, Sgilean-beatha agus Sgilean-obrach* ÙTA. Bu chòir gum biodh ìre nan sgilean seo aig ìre SCQF an Aonaid agus air an aon rèir ri tuairisgeul ìre SCQF. Tha barrachd fiosrachaidh mu chur ri sgilean-ionnsachaidh, sgilean-beatha agus sgilean-obrach ga thoirt ann an *Notaichean-taice Duais nan Sgrùdaidhean Albannach: Sùil air Alba* (SCQF ìre 5).

# Fiosrachadh rianachdail

---

**Sàr-chlas:** ri chur an cèill (dreach 1.1)

---

## Eachdraidh atharrachaidhean air an t-Sònrrachadh Duaise

Fiosrachadh mun duais	Tionndadh	Tuairisgeul air atharrachadh	Air a cheadachadh le	Ceann-latha
	1.1	Updated to reflect new codes and titles for some of the optional Units in the Award	QM	Dec 2014

Faodar an sònrrachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ìre air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ìre, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn ÙTA [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoiribh fa-near: Thattar a' moladh gun seall luchd-leughaidh air làrach-lìn ÙTA [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' cleachdadhan tionndaidh as ùire de Shònrrachadh an Aonaid.

© Ùghdarris Theisteanas na h-Alba 2014